

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Blàr a' Mhaoil Ruaidh

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,380. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 1,076 corresponds to Litir 1,380. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Dè an cath eadar-cinnidheach mu dheireadh a ghabh àite ann an Alba? Tha cuid ag ràdh gun do thachair e ann an sia ceud deug is ochdad (1680) ann an Gallaibh, faisg air Inbhir Ùige. Thug an tachartas sin ainm-àite dhuinn – Allt nam Mèirleach no *Altmarlach*. Bha a' chòmhrag eadar Clann na Ceàrdaich Chèis – *the Sinclairs of Keiss* – à Gallaibh, agus Caimbeulaich à Siorrachd Pheairt. Sgrìobh mi mu dheidhinn Blàr Allt nam Mèirleach ann an Litrichean sia ceud, ceathrad 's a sia (646) agus sia ceud, ceathrad 's a seachd (647).

Ach a bheil e fìor ri ràdh gum b' e sin am batail eadar-cinnidheach mu dheireadh? Tha beachd eile ann. Agus chan eil an t-àite far an do thachair e faisg air Gallaibh no Siorrachd Pheairt.

Bha mi ann an Gleann Ruaidh ann am Bràigh Loch Abar as t-fhoghar. Stad mi aig carragh-chuimhne ri taobh an rathaid aig ceann shìos a' ghlinne. Sgrìobhte oirre, ann am Beurla, tha '*The Battle of Mulroy 4th August 1688 ... the last inter-clan battle fought in Scotland*'. Bha sin ochd bliadhna an dèidh Blàr Allt nam Mèirleach.

Canaidh sinn *Blàr a' Mhaoil Ruaidh* ris ann an Gàidhlig. Thachair e air leathad beinne ris an canar Am Maol Ruadh. Bha an t-sabaid eadar Clann 'ic an Tòisich à Bàideanach agus Dòmhnallaich na Ceapaich à Bràigh Loch Abar.

Bha Clann 'ic an Tòisich agus na Dòmhnallaich air a bhith **thar a chèile** fad ùine mhòr. Anns a' chòigeamh linn deug, chaidh fearann ann am Bràigh Loch Abar a thoirt do Chloinn 'ic an Tòisich. Ach dhiùlt na Dòmhnallaich a leigeil seachad. Bha gach taobh a' togail creach air **fearann na feadh' eile**.

Thàinig gnothaichean gu ceann ann an sia ceud deug, ochdad 's a h-ochd (1688). Thug Comhairle Dhiomhair na h-Alba – am *Privy Council* – cead do cheann-cinnidh Clann 'ic an Tòisich fearann nan Dòmhnallach a ghabhail le fòirneart.

Bha Mac an Tòisich an dòchas taic fhaighinn bho Chlann 'ic a' Phearsain agus na Granndaich, ach dhiùlt an dà chinneadh sin a dhol a chogadh an aghaidh Dòmhnallaich na Ceapaich. A dh'aindeoin sin, bha armailt mhòr aig Mac an Tòisich – mu mhìle duine.

Cha robh ach mu leth dheth sin aig Dòmhnallaich na Ceapaich. Ach bha Dòmhnallaich à sgìrean eile air a dhol a Loch Abar airson taic a thoirt do mhuinntir na Ceapaich. B' iad sin Dòmhnallaich Ghlinne Garaidh agus Clann Iain Abrach à Gleanna Comhann.

Chaidh armailt 'ic an Tòisich gu ruig' a' Cheapach fhèin – aig an Drochaid Ruaidh – ach cha robh sgeul air duine ann. Bha na Dòmhnallaich uile air a dhol gu talamh àrd air a' Mhaol Ruadh. Bha iad ann an suidheachadh fàbharach mar sin, agus rinn iad an gnothach air an nàmhaid. Air sàillibh sin, ghlèidh Dòmhnallaich na Ceapaich am fearann aca ann an Loch Abar.

Ge-tà, tha cuid dhen bheachd nach e blàr uile-gu-lèir eadar-cinnidheach a bh' ann ann am Blàr a' Mhaoil Ruaidh, oir air taobh 'ic an Tòisich bha feachd aig Mac Coinnich Shuidhe. Bha iadsan a' sabaid às leth Riaghaltas na h-Alba mar 'Feachd Gàidhealach Neo-eisimeileach'. Bha an Riaghaltas an sàs anns a' chath cuideachd. Agus, cuide ri gu leòr eile, chaill Mac Coinnich a bheatha ann am Blàr a' Mhaoil Ruaidh.

* * * * *

Faclan na Litreach: Blàr Allt nam Mèirleach: *The Battle of Altimarlach*; Gleann Ruaidh: *Glen Roy*; Bràigh Loch Abar: *Brae Lochaber*; Comhairle Dhìomhair na h-Alba: *Privy Council*; Clann 'ic a' Phearsain: *the clan MacPherson*; na Granndaich: *the Grants*; Dòmhnallaich Ghlinne Garaidh: *the MacDonells of Glengarry*; Clann Iain Abrach à Gleanna Comhann: *the MacLains from Glencoe*; Mac Coinnich Shuidhe: *Mackenzie of Suddie*.

Abairtean na Litreach: Dè an cath eadar-cinnidheach mu dheireadh a ghabh àite: *what is the last inter-clan battle that took place?*; ann an Gallaibh, faisg air Inbhir Ùige: *in Caithness, near Wick*; bha a' chòmhrag eadar Clann na Ceàrdaich Chèis ... agus Caimbeulaich à Siorrachd Pheairt: *the conflict between the Sinclairs of Keiss ... and Campbells from Perthshire*; anns a' chòigeamh linn deug: *in the 15th century*; chaidh fearann a thoirt do Chloinn 'ic an Tòisich: *land was given to the Macintoshes*; dhiùlt na Dòmhnallaich a leigeil seachad: *the MacDonalds refused to give it up*; fearann nan Dòmhnallach a ghabhail le fòirneart: *to take the MacDonalds' land by force*; ach dh'fhàilnich air: *but he failed*; dhiùlt an dà chinneadh sin a dhol a chogadh an aghaidh Dòmhnallaich na Ceapaich: *both of those clans refused to go to war against the MacDonalds of Keppoch*; chaidh armailt 'ic an Tòisich gu ruig' a' Cheapach fhèin: *The MacIntosh army went to Keppoch itself*; rinn iad an gnothach air an nàmhaid: *they defeated their enemy*; air sàillibh sin, ghlèidh Dòmhnallaich na Ceapaich am fearann aca ann an Loch Abar: *because of that, the MacDonalds of Keppoch retained their land in Lochaber*; nach e blàr uile-gu-lèir eadar-cinnidheach a bh' ann: *it wasn't entirely an inter-clan battle*; a' sabaid às leth Riaghaltas na h-Alba mar 'Feachd Gàidhealach Neo-eisimeileach: *fighting on behalf of the Government of Scotland as an 'Independent Highland Company*.

Puing-chànain na Litreach: Bha gach taobh a' togail creach air fearann na feadhn' eile: *each side was plundering cattle on the other's land*. Feadhna is a genitive form of the singular feminine noun feadhainn which means a group of people [other genitive forms are feadhainn and feadhnach]. The terminal 'a' is here elided because of the following vowel in 'eile'.

Gnàthas-cainnt na Litreach: Bha Clann 'ic an Tòisich agus na Dòmhnallaich air a bhith **thar a chèile** fad ùine mhòr: *the Mackintoshes and MacDonalds had been at loggerheads for a long time*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA